



Tiotal: Coltas, Iomadachd agus Spèis

Pàirt 1: Tha mise gun shamhail/Mo fhèin-portraid

ìre: CIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none">Tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach ri cach-a-chèile ach nach eil duine an aon rud ri duine eile. <p>HWB1-47a</p>	<ul style="list-style-type: none">Ag aithneachadh gu bheil a h-uile neach gun shamhail agus ag aithneachadh choltachdan agus ao-choltachdan.A' mìneachadh gu bheil fàs agus tighinn air adhart gach neach eadar-dhealaichte.

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh seachad a thaobh na h-Eòlasan/Builean agus na Slatan-tomhais a tha a' buntainn ri RSHP ann an raon Slàite is Sunnd. Faodaidh an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. A thaobh a' ghniomh seo tha ceanglan soilleir ann ri raon sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra, mar sin tha na h-eòlasan agus na builean freagarrach air an comharrachadh an seo:

- Nuair tha mi a' rannsachadh nan còirichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còirichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòirichean dhaoine eile. HWB 1-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhairsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 1-10a

Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun dèidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamail agus mu bhun-bheachd iomadachd.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt seachad de na tha gam dhèanamh nam neach fa leth agus gun shamhail
- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint: iomhaighean de fhèin-phortraidean ainmeil.

- Tha slaighd sa phasgan ach cuidichidh eisimpleirean eile de fhèineagan a' chlann a' tuigsinn an teirm fèin-phortraid.
- Tha teamplaид de fhrèam deilbh sa phasgan, gabhaidh seo a chlo-bhuialadh do gach pàiste. A3, air deagh phàipear no air a chleachdah mar eisimpleir's faodaidh iad am frèam aca fhèin a dhèanamh.
- Bidh feum air peansailean dathte, creidheanan, pinn dhathte (no stuthan collage ma tha sibh a' dol an rathad sin).

Obair

1. Thoir a-steach am bloc ionnsachaidh seo le bhith ag innse gu bheil sinn gus a bhith ag ionnsachadh gu bheil gach neach cudromach, sònraichte agus eadar-dhealaichte bhin h-uile neach eile. Thoir dhaibh an teirm **gun shamhail** agus bruidhnibh air.

GUN SHAMHAIL: Tha seo a' ciallachadh nach eil ann ach aon de rud. Tha gach neach sònraichte agus eadar-dhealaichte, tha sinn uile gun shamhail. Tha sibhse uile gun shamhail!

2. Inns dhan chlann gu bheil iad dol a dhèanamh obair ealain a' coimhead air mar a tha gach neach gun shamhail... ach an toiseach coimheadaidh iad air dealbhan le luchd-ealain a pheant dealbhan dhiubh fhèin. Seall na dealbhan. Mìnich na teirmean (cleachd an slaighd) **portraig** agus **fèin-phortraig**. Dèanaibh còmhradh air na portraidean a leanas: *Dè tha a' còrdadh ris a' chloinn? Dè na beachdan a th' aca air an neach san dealbh? Dè tha an dealbh a' ràdh mun neach?* Brosnaich a' chlann coimhead agus meòrachadh air na tha iad a' faicinn – 'Carson tha thu a'; smaoineachadh a rinn an neach-ealain (seo)...

Bidh a' chlann air am facal selfie no fèineag a chluinntinn mar thà. Seall na dealbhan de fhèineagan. Dèanaibh còmhradh mun dèidhinn: Am bi thu a' togail fhèineagan? Cò as aithne dhut a bhios a' togail fhèineagan? Dè dh'fheumas tu airson deagh fhèineag? ('S dòcha gur e deagh chothrom a bhiodh an seo airson bruidhinn air na dòighean air dealbhan atharrachadh no a leasachadh – fioltairean/photoshop msaa agus carson a tha seo air a dhèanamh.)

3. Mìnich gu bheil a' chlann a' dol a dhèanamh no a chruthachadh fèin-phortraig dhiubh fhèin, am fèineag fhèin. Mìnich dhaibh gum feum eileamaidean cudromach a bhith san dealbh:
 - Feumaidh iadsan a bhith air an riochdachadh. Dh'faodadh m bodhaig gu lèir a bhith san dealbh, no dìreach an aodann. (Thoiribh sùil air ais air feadhainn de na h-iomhaighean de fhèin-phortraidean.)
 - Feumaidh iad rudan mun deidhinn fhèin no aig a bheil ceangal riutha a chur san dealbh. Thoir dhaibh eisimpleirean, dh'faodadh iad smaoineachadh air na leanas: Peata, rudan a tha a' còrdadh riutha me ball-coise no a' cluich le iPad, am biadh as fheàrr leotha. Dh'faodadh iad smaoineachadh mun dùbhlann seo cuideachd: Ciamar a b' urrainn dhaibh am pearsa a shealltainn san dealbh?
 - Cuimhnich dhaibh gum bi dealbh gach neach eadar-dhealaichte bhon a tha sinn uile gun shamhail agus sònraichte.
4. Thoir dhaibh pàipear agus peansailean agus iarr air a' chlann obrachadh leotha fhèin an toiseach no còmhla ri caraid rin taobh gus smaoineachadh mu na rudan mun deidhinn fhèin a dh'faodadh iad a chur san dealbh aca - rudan as toigh leotha no a tha gu mòr a' còrdadh leotha. (No - ma tha deagh chamara agaibh agus gun urrainn dhuibh dealbhan a thogail agus a phriontadh dhen chlann gu sgioibh agus gun urrainn dhuibh dealbhan a thogail agus a chlò-bhualadh gus collage/taisbeanadh a dhèanamh.)
5. Sgaoil copaidhean defhrèam nan dealbhan - aon do gach pàiste no iarr orra an dealbh fhèin a dhèanamh (a' sealltainn an eisimpleir dhaibh airson stiùireadh). Fhad 's a' chlann ag obair leotha fhèin thèid timcheall, a' cur nan cuimhne smaoineachadh air na tha iad math air agus na tha gan dèanamh gun shamhail, cuidich iad a' smaoineachadh air mar a chuireas iad sin ann an dealbh. Faodaidh iad tuilleadh bheachdan a chur a-steach mar a tha iad a' dol air adhart.

6. An ceann greis cruinnich a' chlann air ais còmhla. Iarr air feadhainn aca na dealbhan aca a shealltainn aig an ìre aig a bheil iad, a' leigeil leis a' chloinn eile ceistean fhaighneachd. Tog na h-eileamaidean as làidire às gach dealbh agus brosnaich a' chlann gu lèir gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' glacadh na tha gun shamhail agus sònraichte mun deidhinn. Ma dh'fheumas neach sam bith aca beagan brosnachaidh iarr air daoine eile cur nan cuimhne dè as toigh leotha no na tha a' còrdadh riutha mun deidhinn, rudan mun charactar aca a dh'fhaodadh iad a chur san dealbh aca - agus thoir dhaibh barrachd ùine airson obrachadh orra.
7. Tillibh còmhla a-rithist mar chlas airson na dealbhan a shealltainn dha chèile ('s dòcha gum bi sibh airson seo a dhèanamh thairis air an t-seachdain gus am faigh gach neach beagan ùine agus aire orra) agus mar a bhios sibh a' meòrachadh còmhla ris a' chlann air na tha gan dèanamhsan agus na dealbhan aca gun shamhail, faighnichibh gu sònraichte air: *Dè a tha gad dhèanamh mar a tha thu?* *Dè a tha gad dhèanamh gun shamhail?*

Beachdan eile

- Artaigil inntinneach do luchd-foghlaim agus pàrantan: 'What your child can learn from doing a self-portrait: <https://www.theschoolrun.com/what-your-child-can-learn-doing-self-portrait> cuideachd sa cheangal tha program slàn bhon BhBC do chlann air portraidean - CBeebies Pablo Live Lesson 24 mionaidean 49 diogam.
- Faodaidh a' chlann na frèamaichean aca a' sgeadachadh/collage a dhèanamh.
- Dèan taisbeanadh de na portraidean agus cuir 'fosgladh oifeigeil' air dòigh, le cuiridhean do cho-aoisean, càirdean no luchd-obrach eile.

Ceangal ris an dachaigh

Faodaidh a' chlann na portraidean aca a thoirt dhachaigh leotha. Mas e 's toir. Seo nòta a mhìnicheas na bha iad ris:

Tha a' chlann ag obair air a' chuspair coltas, iomadachd agus spèis. Tha iad air fèin-phortraid a chruthachadh gus an cuideachadh a' smaoineachadh mu na tha gan dèanamh gun shamhail agus sònraichte. Bidh sinn a 'sgrùdadh a' bheachd seo air 'cò sinn' gus an ionnsaich a' chlann cuideachd mu mar as urrainn do dhaoine eile a bhith eadar-dhealaichte bhuapa, gu bheil seo ceart gu leòr, agus gum bu chòir dhuinn spèis a thoirt do chàch. Tha mi an dòchas gun còrd an dealbh ribh agus gun còrd an còmhradh ler pàiste ribh mu chruthachadh na deilbh. Tha artaigil inntinneach mu chann agus fèin-phortraidean an seo:

<https://www.theschoolrun.com/what-your-child-can-learn-doing-self-portrait>

Tha tuilleadh goireasan RSHP air a' chuspair Coltas, iomadachd agus spèis rim faighinn:

- Tha sinn coltach agus ao-coltach
- Balaich agus nigheanan
- Ciorramachd
- Eile-sheòrsach, Leasbach, Gèidh agus Dà-sheòrsach

Notaichean tidseir